Advertising & marketing		775		32,657	3,391		
Sundries	27,554			613	9,632		
Development officers tutors	61,787				84,145		
Travel expenses etc	3,312	3,131		9,105	54,966	13,227	
Child protection costs	8,032						
Training		4,631					
Workshops		21,724			6,624		
Materials					10,599	831	
25th anniversary	12,526						
Portrait of a Nation	17,962						
Archiving project							12,789
Venue costs			6,076	226,623	19,884		
Promoters fees				6,614			
Project management				40,185	35,982		
Depn of plant & machinery				2,760			
Grants to institutions	231,362						
Committee expenses	9,128						
Legal fees	5,201						
Auditors remuneration	2,820						
Annual conference	10,597						
Wages	131,055						
Social security	22,866						
Pensions	6,789						
Office rent	26,336						
Insurance	12,411						
Light and heat	1,739						
Telephone	7,022						
Postage and stationery	20,691		106	547			
Sundries	3,355		2,598			727	
Website	14,518			1,491			
Staff travel and expenses	25,587						
Economic impact assessment				5,400			
Bank charges	265						
Total expenditure	681,512	57,727	13,579	325,994	225,223	91,917	12,789
Surplus/(Deficit)	27,666	(4,727)	(2,289)	(21,945)	(43,712)	4,048	12,211

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Ràitheil mu adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal airson 2008-09

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 2.2008.03(a)

Bun fhiosrachadh

An cois seo tha aithisg air adhartas eadar 1 Giblean gu meadhan a' Chèitein, ach bu mhath leam a' toirt fo ur n-aire nach eil na targaidean aig cuid de na buidhnan maoinachaidh air an staidheachadh fhathast, agus thèid leudachadh air a' chlàr ro dheireadh a' chiad ràithe. Tha an aithisg a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairan coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Comhairle Ealain na h-Alba (CEA), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE), Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh rèiteachaidhean maoinachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Chan eil dreach den aithisg ann an Gàidhlig fhathast oir bhiodh againn ri tòrr atharrachaidhean a dhèanamh nuair a gheibh sinn fios bho na buidhnean eile, ach thèid an aithisg a-mach anns an dà chànan, mar is àbhaist aig deireadh gach ràithe.

'RAG' system: R (Red) = Not presently on track, and measures to restore progress not yet in place. Danger that targets may be missed; A (Amber) = Not presently on target, but with measures in place to restore progress; G (Green) = On target.

Dev Plan Ref	Measure in Development Plan	Responsible	Performance Indicators/Outputs	Progress	Status
1	Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities	All	Continue to support and develop individual Fèisean, widening their range of activities and establishing best working practice (SAC Target)	Work of whole organisation is geared towards achieving this.	
1.1	Grants Scheme for Fèisean	CEO	Continue to run a Grants Scheme for Fèisean (SAC Target)	Grants scheme in place. Grants being paid out as per agreements.	G
		Executive Manager	Deliver Grant-aid support to at least 35 Fèisean annually (HIE Target)	Grants offered to 44 Fèisean for 2008-09. Grants offered to 36 Fèisean in the HIE area.	G
		Development Manager	Continue to fund new developments through our Fèis Development Fund (SAC Target)	£70k fund available for 2008-09. Open, on-going application procedure. No applications approved in new financial year.	G
		Development Manager	Support at least 3 new and innovative projects per year through the Fèis Development Fund (HIE Target)	Confident that this target will be met.	
1.2	Reducing the burden on volunteers	Development Officers	Support workers in place	Each member of the Development Team has been designated as Lead Officer for a number of Fèisean and a formal review meeting with each Fèis will take place during the year.	G
		Development Officers	Range of support services in place	Detailed below under appropriate service heading.	G
		Training & Policy Officer Gaelic Officer	Policies are made as easy as possible for volunteers to deliver	Most policies now available as downloads on new website and also circulated to membership on CD.	G

		Development Officers		Training offered where action needed on the part of volunteers. Hands-on support with implementation of Gaelic policy through the offering of appropriate courses for tutors, organisers and other volunteers. Currently working on Access and Risk Assessment policies.	
		Executive Manager	Continuation of Annualised Hours scheme	Annualised hours offered for 2008-09 as part of grant offer. Small increase in funding available, due to a small underspend in 2007-08.	G
		CEO	Employ 5 local Fèis Development Officers (HIE Target)	4 full-time Development Officers in place at present. Will attempt to establish a Development Officer post with city councils in 2008-09	A
1.3	Annual Conference	Executive Manager Business Officer Training Officer	Run an Annual Conference (SAC Target)	2008 conference will take place in Fort William on 19 & 20 September 2008.	G
1.4	Insurance	Executive Manager	Adequate insurance cover in place for Fèisean nan Gàidheal, its staff and all Fèis activities.	Policy reviewed and renewed annually. Cover has been extended and sums insured increased as appropriate.	G
1.5	Musical instrument Bank	Business Officer	Regular lending of instruments to Fèisean. Renting to individuals to maximise income.	Ongoing and well used. Demand continues to outstrip supply within Fèisean and instruments are out most of the year. Confident rental income target will be achieved	G
1.6	Disclosure checking	Collator Executive Manager	All tutors and volunteers involved in Fèisean must go through an enhanced Disclosure check. Continue to ensure good practice in relation to Child Protection (SAC Target)	Ongoing work with over 2,500 Disclosure Checks carried out. Disclosures now being renewed for those on database as and when 3 years have expired. Policy updated and monitored on an ongoing basis and we are currently aware of proposals to change the system of checking. All Fèisean have to submit a list of tutors, and they are cross-referenced to ensure they have a current Disclosure, before grant is released.	G
1.7	Maintenance of a Fèis Tutors database	Business Officer	Up to date data available at all times.	Fèisean nan Gaidheal database has been completely updated.	G
1.8	Developing, distributing and selling publications	Business Officer	Continue to maximise income from sales of publications	We are currently working on selling as many as possible through Fèisean, shops etc.	G
1.9	Production and distribution of regular news and other information	Business Officer All Staff		<i>Faileas</i> now being professionally produced on a regular basis with the next issue due in June. Information of all kinds relating to Fèisean distributed on a regular basis – funding opportunities, VAN news, job opportunities, events etc.	G
1.10	Support for new Fèisean	Development Manager	Create 2 new Fèisean per year (HIE Target)	Fèis Dhùn Omhain, Fèis Cholla and Fèis Dhiùra will take place for the first time in 2008-09.	G

1.11	Supporting the development of Fèisean, or collectives of Fèisean, wishing to become more independent	CEO Development Manager Development Officers	Continue to support individual Fèis projects such as the Fèis Bharrach, Feis Spè and Fèis a' Bhaile expansion activities (SAC Target)	Continuing to support Lochaber Fèisean with a full-time Development Officer post.	G
				Fèis Spè is being supported with the managing of funds for a part-time Development Officer and a programme of work.	
				We continue to support Fèis Bharrach with the day-to-day management of a part-time Project Worker.	
				Fèisean in the HIE area are supported with additional monies from our Development Fund to offset funds they might have expected to get from their LEC.	
1.12	Extending support for the Fèisean outwith the 'traditional' Fèis local authority areas	CEO	In cooperation with one or more local authorities, employ a Development Officer to cover Fèisean not covered by existing officers. (SAC Target)	As reported above, we are looking at viability of an officer to cover these areas.	A
2	Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement. Developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves				
2.1	Prepare a Gaelic Language Policy for Fèisean nan Gàidheal, which will be adopted by members of the organisation	Gaelic Officer	Develop and increase access to the Gaelic language and culture through the implementation of a Gaelic Language Policy and the development of Gaelic drama activities including a Gaelic Drama Summer School (SAC Target)	Policy issued formally to Fèisean with letters of offer in 2007-08, along with guidance.	G
				Gaelic plans and annual updates submitted to Fèisean nan Gàidheal and will form part of the annual review meeting with all Fèisean.	
				Maximum support given to implement effectively through our Gaelic language team.	
				Now that support mechanisms are in place, Fèisean have fewer excuses not to implement the policy more fully and we have agreed what we expect from each Fèis at our annual review meetings with them.	
2.2	Develop a Gaelic Language Development Team	Gaelic Officer	Gaelic-speaking teams to be available to local Fèisean	Sgioba-G will continue to assist Fèisean with Gaelic Policy implementation, and with programmes of work tailored to individual needs, where requested or needed.	G
2.3	Develop mechanisms for the delivery of our Gaelic Language Policy within Fèisean nan Gàidheal	Gaelic Officer		Gradually ensuring that all Fèisean use fully bilingual material, and have made this a specific condition of grant. This was discussed specifically with each Fèis at review meetings.	A
				This is an ongoing task and translation help is provided for those Fèisean who need it.	
2.4	Develop wholly Gaelic-medium Fèisean and Gaelic-medium tuition at existing and new Fèisean	CEO Gaelic Officer	An increasing number of GM Fèisean	6 Fèisean now GM and GM tuition being developed within Fèisean that are not wholly GM. This will be monitored by assessor reporting mechanisms still to be implemented.	A
		Development Manager Board	Ensure commitment to Gaelic among new Fèisean	No new Fèisean admitted for membership without demonstration of Gaelic commitment.	G

				Board are now required to approve new members.	
2.5	Development of Gaelic Drama	Drama Officer	Continue to run a series of Gaelic drama Fèisean (SAC Target)	We plan to hold at least 4 Gaelic drama Fèisean during 2008-09.	G
		Drama Officer	Deliver a minimum of 2 Gaelic drama summer schools (HIE Target)	First Drama Summer School to take place in Portree in July 2008 and plans well advanced. Seònaid MacDonald employed to oversee the development with steer from Dougie Beck and the Steering Group.	G
3	Develop the work of the Fèisean within the formal education sector				
3.1	Youth Music Initiative contract in Highland	CEO YMI Coordinator	Continue to develop the work of the Fèisean within the formal education sector, in partnership with YMI in Highland and East Lothian (SAC Target)	Ongoing and running successfully in Highland.	G
				Possibly a down-scaling of Fèis involvement in East Lothian due to the appointment of a full-time YMI Coordinator.	
				Part-time Co-ordinator Rae MacEachern continues to look after day-to-day organisational issues.	
				Successful CPD day held in Strathpeffer on 9 May with good turnout of tutors.	
3.2	Potential for Youth Music Initiative contract work in other areas	CEO	Expand the delivery of traditional music classes beyond the Highland Council area, in partnership with YMI, wherever appropriate (SAC Target)	No progress to date in 2008-09.	R
3.3	Gaelic Language work in schools	Drama Officer	Meanbh-Chuileag to visit 5 LEC areas per year (HIE Target)	We would hope to fulfil this commitment in 2008-09.	G
3.4	Other formal educational work	CEO Training & Policy Officer		As part of Blas 2008 there will be an education programme running in a number of schools alongside the main festival events.	G
				Fèis Academy plans are progressing.	
				Tutor Training PDA will continue to be delivered through Stow and Perth Colleges with the hope of others beginning during the year.	
4	Strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean				
4.2	Development of Blas – Celebrating Highland Music	CEO Development Manager	Develop and expand the Blas Festival and build towards a festival that can be a significant part of the 2009 Year of Homecoming. (SAC Target)	Funding already achieved from Homecoming Scotland for 2009 festival.	G
		CEO Development Manager	To deliver a programme that is aligned to the core aims of Blas (HC Target)	We believe the programme for 2008 does so with the involvement of young people, Gaelic language, international artistes and innovation.	G
		CEO Development Manager	If additional funding allows, to continue the support of five Cèilidh Trails and an annual Gaelic Music in Schools week (HC Target)	Six Cèilidh Trails will be supported during the year.	G
		CEO Development Manager	To deliver a festival that is inclusive and will appeal to a wide cross-section of age groups and cultural backgrounds (HC Target)	Previous festivals have drawn people aged 5 to 89, with or without Gaelic, and we built on that for last year.	G
		CEO Development Manager	To maintain excellent artistic standards and high standards of customer and stakeholder care (HC	We believe that a very good programme will be offered for 2008.	G

			standards of customer and stakeholder care (HC Target)	Reliant on local promoters for customer care but in terms of stakeholder care, a seminar was held at the PAN Forum in April with Blas promoters to ensure that they are fully aware of the ethos of the festival. We will ensure that funders, in particular, are looked after with complimentary tickets and invitations to launches, receptions etc, as usual	
4.3	Continuing support for Fèis Cèilidh Trails	Development Officers	In partnership with Fèisean, continue to support a network of Cèilidh Trails and create a new one in the Western Isles (SAC Target)	Funding available within Blas budget and Cèilidh Trails, including one in the Western Isles, will be held in 2008-09.	G
		Development Officers	Create a minimum of 5 Fèis Cèilidh Trails across HIE area by 2009 (HIE Target)	6 being held this year.	G
4.4	Encourage local Fèisean to archive material which could be utilised in teaching situations in their area	Archiving & Special Projects Officer	Archiving project to be established.	Ongoing and work do far has been of a high standard.	G
4.5	Gaelic Arts Strategic Development – GASD	CEO Training & Policy Officer	Maintain and implement the successor to the GASD programme and contribute towards a National Gaelic Arts Strategy that will be incorporated into the National Plan for Gaelic (SAC Target)	FnG continues to be involved as a full partner in the GASD forum.	A
				Gaelic Arts Strategy to be finalised during May	
4.6	Inter-Fèis activities	Development Manager Development Officers		Funding for inter-Fèis activities integrated within our Development Fund.	G
4.7	Traditional Music Tutor Training Network – TMTTN	Training & Policy Officer	Develop training provision and professional development, open to everyone involved in promoting, organising and participating in Fèisean, and to other involved in traditional music development and delivery (SAC Target)	TMTTN conference planned for 2008.	G
5	Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement				
5.1	Retain a Training Development Officer	CEO		Post mainstreamed but reliant long-term on SAC managed funds.	A
5.2	Annual Training Programme	Training & Policy Officer	Deliver training to 20 Fèisean per year (HIE Target)	Target will be met by Fèis Trèanaidh in March 2009.	G
		Training & policy Officer	Deliver training to 50 tutors and organisers per year (HIE Target)	Fèis Trèanaidh, to be held in March 2009, will fulfil the target regarding organisers. Tutors will take part in Level I and II courses at SMO and Cromarty.	G
		Training & policy Officer	Continue in-house Training Programme (HIE Target)	Staff training is ongoing as required.	G
				In-house induction is available for new staff. Anne Willoughby – finishing MBA in June 2008 Iona MacDonald – progressing with Masters (Culture).	
5.3	Teenage provision within the Fèis movement	Development Manager Development Officers		Fèis Academy proposes support for 5 senior school-age Fèisean. Fèis Lochabair and Fèis Spè would be interested, as would Fèis Eilean an Fhraoich. Archiving project will involve teenagers. Cèilidh Trails and Blas involve teenagers.	A

				Continue support for Fèis Rois nan Deugairean.	
6	Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities				
6.1	Networking	CEO Development Manager	Expand, wherever possible, partnership opportunities with other organisations both within and outwith the Gaelic community, and continue to work with existing forums, among them, the Scottish Traditional Music Forum. (SAC Target)	We will continue to attend meetings, and contribute to the development, of the Traditional Music Forum. We have an ongoing working relationship with the RSAMD and Centre of Excellence in Traditional Music at Plockton High School. We will continue to be members of the GASD forum and attend meetings of the Gaelic Organisations	G
6.2	Advocacy	All staff led by CEO	In partnership with the Scottish Arts Council and as members of the Traditional Music Forum, FnG will play a key role in the promotion and continuing development of traditional music in Scotland. (SAC Target)	A lot of our time is spend on advocacy and this will continue as appropriate.	G
6.3	International Links	CEO Development Manager Archiving & Special Projects Officer		We have ongoing links with Celtic Colours in Cape Breton. Possibility of performance of Dealbh Dùthcha in Stavanger as part of their European City of Culture celebrations.	A
6.4	Promotion and Marketing	CEO Business Officer	Increase and raise profile of Fèis movement and its success with 10 pieces of local/regional coverage and 3 instances of national coverage per year. (HIE Target)	We are confident this can be achieved in 2008-09	G
		CEO Business Officer	Investigate greater partnerships with the commercial sector building on the success of sponsorship having been secured for Blas, but also looking at the potential for great sales of products of the Fèisean. (SAC Target)	Further work needed in this area but potential sponsors are being followed up on an ongoing basis.	R
6.5	Information	CEO	Work with HIE in commissioning research quantifying wider economic impacts of Fèis movement on cultural and creative industries in the Highlands & Islands to be published by 2008 (HIE Target)	To be progressed with HIE	A
6.6	Website and ICT	Business Officer All Staff as appropriate		Now live at www.feisean.org . Content population is ongoing and staff have had Sitekit training recently.	G
6.7	Showcasing opportunities	CEO Development Manager Archiving & Special Projects Officer	Raise the profile of the Fèis movement through dedicated showcase events, including participation in Liverpool 2008: European City of Culture (SAC Target)	Dealbh Dùthcha will be performed in Kelvingrove Museum in August and then in Liverpool in December. A large number of young people will be showcased as part of Blas 2008	G

Fèisean nan Gàidheal

Acadamaidh Fèise

Àireamh air a' chlàr-ghnothaich: 2.2008.03(c)

Bun-fhiosrachadh

Bidh cuimhne aig buill a' bhùird gun robh pàipear le Bryan Beattie a chur far comhair aig a' choinneimh-bùird mu dheireadh. Chaidh deasbad domhainn a chumail agus chaidh fios a chur air ais gu Bryan. Chaidh seo fhilleadh a-steach gu dreach plana gnìomh airson Acadamaidh Fèise agus a chur gu buill a' Bhùird air post-d 2 An Cèitean airson beachdachadh air.

Bhon uair sin, chaidh atharrachaidhean beaga a dhèanamh air – agus na mearachdan a thoirt às – agus tha mi air lethbhreac den dreach mar a chaidh a libhrigeadh dhan Mhinistear, le na fo-sgrìobhaidhean uile na lùib, a chur thugaibh air post-d còmhla ri pàipearan a' Bhùird. Bheir mi leam lethbhreac no dhà chun na coinneimh ach, airson pàipear a shàbhaladh, chan eil mi den bheachd lethbhreac a sgaoileadh dhan a h-uile duine. Faodaidh sibh lethbhreac iarraidh, ge-tà.

Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, chaidh coinneamh a chumail le Linda Fabiani air 13 An Cèitean is bha còmhraidh neo-fhòirmeil ann rithese agus le oifigearan an riaghaltais air dè seòrsa taic a bheireadh iad dhuinn airson seo a thoirt air adhart agus bheir mi dhuibh barrachd fiosrachaidh air a sin aig coinneamh a' Bhùird.

Art MacCarraig | Ceannard | Cèitean 2008

Fèisean nan Gàidheal

Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2010 air adhart

Àireamh air a' chlàr-ghnothaich: 2.2008.03(d)

Bun-fhiosrachadh

Annas a' Mhàrt 2010, thig crìoch air an àm a th' air a' chòmhdachadh leis a' Phlana Leasachaidh a tha againn an-dràsta.

Chaidh aontachadh aig coinneimh den bhuidheann-ghnìomh o chionn ghoirid gum bu chòir dhuinn tòiseachadh air ùrachadh a thoirt air a' phlana againn agus mholainn gum bu chòir seo nochdadh air a' chlàr-ghnothaich aig a h-uile coinneimh bho seo a-mach gus an tèid am plana ùr fhoillseachadh.

Am Plana

Chaidh gabhail ri Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal roimhe mar phlana airson iomairt nam Fèisean air fad. Tha cuid de dh'Fhèisean a-nise an sàs ann am planadh is leasachadh cudromach dhaibh fhèin – mar eisimpleir Fèis Rois, Fèis Spè, Fèis Bharraigh agus Fèisean Lochabair. Is dòcha gum bi againn ri sùil a thoirt air cò dha a tha sinn a' dèanamh planadh. Bu chòir guth a bhith aig a h-uile Fèis ann a bhith a' cruthachadh a' phlana, ach aig a' cheann thall, 's ann aig Fèisean nan Gàidheal a bhios am plana, ged a dh'fhaodadh a bhith na shlat-tomhais dhan iomairt air fad.

Brìgh

Tha grunnan phuingean cudromach a dh'fheumar a chumail nar cuimhne an turas-sa, nam measg:

- An ìre aig am bi sinn a' cumail a' dol le cuid de rudan no le gach rud a tha sinn a' dèanamh an-dràsta, no na h-atharrachaidhean a tha sinn am beachd a chur an gnìomh
- An ìre d' am bheil na tha sinn a' dèanamh an-dràsta leantaileach, an dà chuid a thaobh maoineachadh agus luchd-obrach
- Amasan Riaghaltas na h-Alba an-dràsta a thaobh cultar agus cànanan
- Stèidheachadh Alba Chruthachail
- Plana Nàiseanta na Gàidhlig
- Ath-eagrachadh agus ath-chuimseachadh taobh a-staigh Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean le cuideam ùr air gnìomhachasan cruthachail.
- Na cothroman a thig às an Acadamaidh Fèise agus a' bhuaidh a bhios aca air na leasachaidhean a libhrigeas Fèisean nan Gàidheal

Clàr-àma

Tha an clàr-ama seo ri mholadh:

An Cèitean 2008	Deasbad goirid annas a' chiad àite aig coinneamh a' Bhùird air dè chòrdadh ri buill fhaicinn annas an ath phlana
An Lùnastal 2008	Coinneamh luchd-obrach gus cothrom a thoirt dhaibh beachdan a chur a-steach dhan t-siostam planaidh. Dh'fhaodar seo a chumail air an aon latha ri coinneamh shònraichte a' Bhùird.
An t-Sultain 2008	Seisean planaidh aig a' Chò-labhairt Bhliadhnail airson cothrom a thoirt do na Fèisean beachdachadh air dè an t-slighe air adhart do Fèisean nan Gàidheal
An Dùbhlachd 2008	Thèid a' chiad dreach de phlana fa chomhair a' Bhùird le moladh gum bu chòir caob mhath de dh'ùine na coinneimh annas an Dùbhlachd a chumail airson sùil mhionaideach a thoirt air dreach a' phlana
An Dùbhlachd 2008 – An Gearran 2009	Ath-sgrìobhadh den phlana, a' gabhail a-steach beachdan a' Bhùird, nam Fèisean agus luchd-obrach a bhios mothachail air suidheachadh Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean aig an àm
An Gearran 2009	Aontachadh leis a' Bhòrd air dreach leasaichte a' phlana do luchd-maoineachaidh feuch dè seòrsa taic a bhiodh iad deònach a thoirt seachad
An Cèitean 2009	Gabhaidh sinn comhairle bho na Fèisean air a' phlana, tron phost agus air an làrach-lìn, le trì mìosan aca beachdan a chur air ais

An Lùnastal 2009	Thèid na beachdan a chaidh a thrusadh, ma bhios iad iomchaidh, a chur dhan phlana agus thèid dreach deireannach a chruthachadh còmhla ri cosgaisean iomlan
An t-Sultain 2009	Thèid am plana deireannach fa chomhair a' Bhùird agus dhan Chò-labhairt Bhliadhnail airson aontachadh
An Dùbhlachd 2009	Thèid na h-atharrachaidhean mu dheireadh a dhèanamh is am Plana Leasachaidh 2010-15 fhoillseachadh

Toiseach Tòiseachaidh

Chaidh lethbhreac den Phlana Leasachaidh a th' againn an-dràsta a thoirt do Bhuill a' bhùird air CD stuth-taic a fhuair sibh nuair a thòisich sibh air a' Bhòrd. Gheibhear lethbhreac air an eadar-lìon aig <http://www.feisean.org/downloads> (an treas pàipear).

Bhiodh e feumail beachdan fhaighinn aig a' choinneimh a tha romhainn air dè na leasachaidhean a bhiodh buill a' Bhùird a' meas iomchaidh do Fèisean nan Gàidheal anns na bliadhnaichean 2010-15. Ach aig an ìre seo, bhiodh e na chuideachadh stiùireadh fhaighinn bho bhuill a' Bhùird ma tha iad airson atharrachaidhean bunaitich fhaicinn anns a' bhuidhinn: na h-amasan, na cinn-uidhe, na dòighean-obrach agus na dòighean anns am bi a' bhuidheann a' toirt taic do dh'fhèisean ionadail, an dà chuid ann am maoinachadh agus luchd-taic.

Aon uair is gu bheil tuairmse agam dè na h-iarrtasan a tha aig buill a' Bhùird, cuiridh mi pàipear ri chèile airson na h-ath coinneimh a' filleadh a-steach beachdan nam ball.

Art MacCarraig | Ceannard | Cèitean 2008

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 2.2008.05(a)

Neach-obrach	Daibhidh Boag
Dreuchd	Manaidsear Leasachaidh
Ràithe na h-aithisg	An Gearran – An Cèitean 2008

Earrann	1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal
Fios. Plana Leas	
1.1	<u>Sgeama Thabhartasan airson Fèisean</u>
	Thoir taic do 3 pròiseactan ùra agus innleachdach aig a' char as lugha gach bliadhna tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid IGE)
	Gu ruige seo, tha sinn a' toirt taic gu 23 pròiseactan, le £49.1k airson pròiseactan luach £153.5k
1.2	<u>A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich</u>
	Luchd-obrach taice suidhichte
	Raon de sheirbheisean taice suidhichte
	Tha mi glè thoilichte a ràdh gu bheil a h-uile Oifigear Leasachaidh againn ann an dreuchd, le Kevin Rodgers a' toiseachadh ann an Loch Abar, 6 An Cèitean 2008.
1.10	<u>Taic airson Fèisean ùra</u>
	Cruthaich 2 Fhèis ùr gach bliadhna (Targaid IGE)
	Thairis air a' bliadhna ionmhais 07 – 08 thoisich 3 Fèisean ùra; Fèis a' Chaolais ann an Drochaid a' Bhanna, Fèis Dhùn Omhainn agus Fèis Cholla. Bha a' chiad Fhèis ann an Colla aig toiseach a' Chèitein agus bha seo gu math soirbheachail.
1.11	<u>A' toirt taic do leasachadh Fhèisean, no cruinneachaidhean de dh'Fhèisean, ag iarraidh barrachd neo-eisimeileachd</u>
	Lean air adhart a' toirt taic do phròiseactan Fèise fa leth leithid gnìomhan leudachaidh Fèis Bharraigh (Targaid CEA)
	Leis an sgioba leasachaidh nas làidire na bha e riamh, tha na Fèisean a' faighinn tòrr a bharrachd taic le pròiseactan mòra. Tha mi fhathast a' toirt cuideachadh dhaibh bho àm gu àm agus tha mi glè thoilichte a bhith cuideachail ann an dòigh sam bith.
2.4	<u>Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra</u>
	Dèan cinnteach air dealas do Ghàidhlig am measg Fèisean ùra
	'S ann tro mheadhan na Gàidhlig a tha Fèis a' Chaolais. Tha mi air a bhith bruidhinn le Nicola Marshall agus Kevin Rodgers air Fèis Dheugairean ùr tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh air a' Ghàidhealtachd.
4.2	<u>Leasachadh Blas – A' Comharrachadh Ceòl na Gàidhealtachd</u>
	50 tachartas air feadh na Gàidhealtachd (Targaid BnG)
	Fear/Bean an taighe a bhruidhneas Gàidhlig aig gach tachartas (Targaid BnG)
	Soidhnichean Gàidhlig ri bhith aig gach tachartas Blas (Targaid BnG)
	Stuthan brosnachaidh Blas ri bhith dà-chànanach (Targaid BnG)
	Cairtean briathrachais Gàidhlig ri bhith air an toirt do gach ball de luchdan-èisteachd (Targaid BnG)
	Luchdan-èisteachd a mheadachadh bho 4,600 to 5,000 (Targaid BnG)
	Tha sinn deiseil a-nis leis a h-uile sìon co-cheangailte ri Fèis Blas 2007 agus ràinig sinn na targaidean air fad. Tha mi air a bhith trang le Blas 2008, agus bidh am prògram againn air a bhogadh gu foirmeil ann an Inbhir Nis, 29 An Cèitean. Bha mi ag obair air pìosan sgrìobhaidh airson leabhar fiosrachaidh Blas, air an làrach-lìn, ag uallachadh thagraidhean airson airgead agus air planaichean airson an Fhèis 2009.
4.3	<u>A' leantainn le taic airson Cuairtean Cèilidh Fèise</u>
	Cruthaich 5 Cuairtean Cèilidh Fèise aig a' char as lugha thar sgìre IGE ro no ann an 2009 (Targaid IGE)
	Tha Cuairtean Cèilidh a-nis ann an Loch Abar, Siorrachd Rois, Cataibh, An t-Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse agus buidheann ùr ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Bidh Cuairt Cèilidh anns na h-Eileanan Siar ann an 2008.
4.6	<u>Gnìomhan Eadar-Fèise</u>
	Tha cothrom aig a h-uile Fèis a bhith cur a steach airson taic-airgid bhon Sgeama leasachaidh nam Fèisean airson pròiseactan eadar Fèisean a' stèidheachadh. Gu ruige seo, cha deach ach aon phròiseact tron sgeama seo, ach tha Fèis a' Bhaile agus Fèis na h-Òige ag obair ann an co-bhonn le pròiseact tasglann a libhrigeadh.

5.3	Solarachadh do dheugairean taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean
	Tha na cothroman do dheugairean a' leasachadh bho bhliadhna gu bhliadhna, agus 's e cothrom air leth eile a th' anns an Sgoil Shamhraidh Dràma. A bharrachd air sin, bidh 6 pròiseactan Cèilidh air Cuairt againn am-bliadhna agus bidh co-dhiù 35 deugairean a' gabhail pàirt ann an Fèis Alba aig toiseach an t-Iuchar. Tha am pròiseact "Dealbh Dùthcha" air a bhith gu math soirbheachail cuideachd, a' toirt cothrom ùr gu 30 deugairean.
6.1	Dèan am feum as fheàrr de thabhartas nam Fèisean a thaobh soirbheachas Gàidhealtachd 2007 (Targaid IGE)
	Tha an targaid seo a-nis seachad, ach fhuair Fèisean dìleab dha-rìribh mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007, le Fèis Blas agus Dealbh Dùthcha.
6.3	Ceangalan Eadar-nàiseanta
	Tha na ceangalan eadar-nàiseanta againn air a bhith a' neartachadh thairis air na mìosan a chaidh seachad, le triùir bhon sgioba againn a' cosg 4 làithean anns a' Chuimrigh, ag ionnsachadh mu dheidhinn na cothroman a tha Bòrd na Cuimris is eile a' thoirt dha deugairean an sin, agus na ceangalan a th' ann le S4C. Tha Dougie Beck air a bhith ag obair ann an co-bhonn le Denis Cahill agus A' Chompanaidh Theatre Loose Moose ann an Calgary, Canada. Mar phàirt den obair uallachaidh a tha ri dèanamh airson na Sgoile Samhraidh Dràma, bidh Dougie ag obair còmhla ris airson seachdain ann an Calgarraidh bho 19 den Chèitean.
6.5	Fiosrachadh
	Tha Fèisean nan Gàidheal air a bhith sgaoileadh tòrr fiosrachaidh dà-chanach taobh a-staigh na buidhne agus a-mach bhon a' bhuidheann, ann an clò agus ann an dòigh dealanach.
6.7	Cothroman taisbeanaidh
	Cùm 4 consartan taisbeanaidh àrd-iomhaigh mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007 (Targaid IGE)
	Àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro consartan taisbeanaidh ainmichte mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007, agus gnìomhan bùth-obrach/trèanaidh eile (Targaid CEA)
	Cuiridh sinn "Dealbh Dùthcha" air an àrd-ùrlar trì tursan eile ann an 2008; aig an Fhèis Blas ann an Inbhir Nis, 6 An t-Sultain, ann an Glaschu mar phàirt den fhosgladh oifigeil aig taigh tasgaidh Kelvingrove air 18 An t-Sultain agus ann an Liverpool, 1 – 2 An Dùbhlachd mar phàirt de phrògram Prìomh Bhaile Cultarach na Roinn Eòrpa.

Luchd-obrach	Anna Willoughby
Dleastanas	Manaidsear Gnìomha
Ùine	An Gearran 2008 – An Cèitean 2008

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	Targaid Adhartas
1.1	Libhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)
	Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (34 ann an sgìre IGE), pàigheadh a-mach £269,430.01 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach a cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £176,34800 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 35 Fèisean. Tha tabhartasan 2008/09 air tighinn a-steach mar bu còir agus tabhartasan air an tabhann do na Fèisean air fad.
1.2	Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail, le àrdachadh ann an reata gach uair a thìde
	3933 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2007-08 mar phàirt de thairgse tabhartais. Tha an reata a thathar a' moladh airson gach uair a thìde àrdachadh bho £6 gu £7.50 Chanail seo ach slaodach agus tha e an aire coimhead ris airson tabhartasan 2008-09. Tha 3 Fèisean air oifigear leasachaidh pàirt-ùine a cumail ann an dreuchd le sgeama Uairean Bliadhnail. Tha 3945 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2008-09 mar phàirt de thairgse tabhartais.
1.3	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)
	Bha Fèis Lochabàir a' toirt cuireadh do Fèisean nan Gàidheal an Co-labhairt Bhliadhnail 2008 à' cumail anns an Gearastan. Thèid à' cumail air 19 & 20 Sultain 2008 ma bhios am Bòrd Stiùiridh toilichte gu bith an t-àite fuireach ceart gu leòr.
1.4	Còmhach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile
	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna. Chaidh còmhach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a tha iomchaidh. Bha am Bòrd Stiùiridh ag iarraidh suim airson àrachais trustee indemnity ach cha tug iad seo suas. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.
1.5	Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean.
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis an Earraich, Fèis Latharna, Fèis Ghlaschu and Fèis Cholla.

1.6	A' fastadh gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh
	Ìre reusanta de dh' fhastaidhean air an coileanadh agus tha seo nas àirde nan uiridh mo thràth agus faisg air am buidseat airson na bliadhna gu leir. Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna. Thèid againn air feadhainn aca a' càradh nuair a tha iad a-staigh anns an oifis.
1.7	Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh.
	Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air an stòr-dàta gus a dhèanamh nas fhasa a chleachdadh Bu chòir don bhathar-bog a tha sinn a' cleachdadh leigeil leis an stòr-dàta a dhol air-loidhne airson 's gun urrainn do luchd-obrach agus Fèisean uile a ruigsinn. Ùrachadh leantainneach ga dhèanamh. Cuir Donna Cunningham teampaid air dòigh a bhitheas an luchd obrach a cleachdadh. Tha Moreen Pringle, Oifigear Ghnothaichean, ag ùrachadh an stòr-dàta an dràsta.

Staff member	Iona MacDonald
Job Title	Training and Policy Development Officer
Period of Report	March 2008 – May 2008

Section	1 Progress on Fèisean nan Gàidheal Targets for which responsible
Target No.	Target Progress Narrative
1.2	A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich
	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an libhrigeadh. A' chuid as motha de poileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn Leantainneach. Poileasaidh ùr air a bhith measadh chunnairt fhathast a' dol air adhart. Cùrsa trèanaidh le RoSPA air a choilionadh. Air a bhith 'g obair air lughdachadh agus a' làimhseachadh chunnairt, agus poileasaidhean fa-leth.
	Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich Chaidh FT08 glè mhath air 15/16 Am Màrt le 40 luchd trèanaidh air iomadh cuspair.
	Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig Leantainneach – seisean fiosrachaidh agus seisean cuideachaidh air a ruith aig an fhèis trèanaidh. Bha taisbeanadh ann sa mhadainn, agus "surgery" feasgar.
	Sgrùdaidhean sgaoilidh agus Trèanadh Dion Chloinne uile air an eagrachadh bhon mheadhan Leantainneach. Sandy Gray a' cumail suas ris.
1.3	Co-labhairt Bhliadhnail
	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail(Targaid CEA)
	A' feitheamh ri dearbhadh bho thaighean-òsta sa Ghearasdan an-dràsta.
4.7	Lionradh Trèanaidh airson Luchd-teagaisg Ceòl Traidiseanta – TMTTN (Traditional Music Tutor Training Network)
	Leasaich solarachadh trèanaidh agus leasachadh proifeiseanta, fosgailte do gach neach an lùib a bhith a' brosnachadh, a' cur air dòigh agus a' gabhail com-pàirt ann am Fèisean, agus càch a tha an lùib leasachadh agus libhrigeadh ceòl traidiseanta (Targaid CEA)
	Oifigear Leasachadh Trèanaidh ri coinneamh den TMTTN a ghairm ro dheireadh an Lùnastail gus adhartas ath-thòiseachadh Chumas coinneamh air 5/10/07, far an robh daoine airson an TMTTN a cumail a' dol, gu sònraichte a bhith 'g obair air teisteanasan fhoirmeil do luchd-teagaisg agus a' cumail choinneamhan fiosrachaidh – thathar an dùil ri cho-labhairt ann an Inbhir Nis san t- Samhain 2008. (1 An t-Samhain air a ghlèidheadh aig Eden Court.) Airgead ri thogail air a son. 5 dhaoine ùire air aontachadh gun tig iad air bòrd.
5.2	Prògram Trèanaidh Bliadhnail
	Libhrig trèanadh do 20 Fèis gach bliadhna (Targaid IGE)
	Thathar an dùil gun tèid an targaid seo a choileanadh leis an Fhèis Thrèanaidh a thèid a chumail sa Ghearran 2008 Chaidh 14 fèisean a riochdachadh aig an Fhèis, agus bhon uair sin, tha sinn air trèanadh a chur air dòigh do dhà eile. Bha e duilich nach do nochd ach aon duine bho na h-Eileanan an Iar, a bharrachd air an oifigear leasachaidh aca.
	Trèanadh leantainneach air a thabhann a rèir iartas, le 4 Fèisean aig tachartas ann an Uibhist sa Chèitean Bha sianar ann gu lèir, a' riochdachadh FTAE agus FTAM, agus le Fiona, Oifigear Taice.
	Libhrig trèanadh do 50 neach-teagaisg agus neach-eagrachaidh gach bliadhna (Targaid IGE)

	<p>Coileanadh an Fhèis Thrèanaidh a thèid a chumail sa Ghearran 2008 an targaid a rèir luchd-eagrachaidh Thathar an dùil ri 30 neach-teagaisg air cùrsaichean Ìre I agus II aig SMO sa Ghearran 2008</p> <p>Cùrsa Ìre I cuideachd air a thabhann ann an Inbhir Nis san Lùnastal 2007</p> <p>Tha 168 neach-ciùil agus neach-eagrachaidh air a dhol tron trèanadh anns na naoi mìosan a chaidh seachad. Bha 40 aig FT08 agus 14 aig Cùrsa ìre 1 & 2 eadar An Gearran agus Am Màrt 2008.</p> <p>Dèan sgrùdadh air amalachadh beul-aithris/eachdraidh do thrèanadh luchd-teagaisg uile (sgeulachdan air cùl fuinn agus òrain, mothachadh mu thraidisean msaa)</p> <p>Fo sgrùdadh leantainneach. (Bha an cuspair ann mar phàirt dhen Fhèis Trèanaidh 2008 cuideachd). Barrachd chuideam air a chur air eachdraidh agus beul-aithris ann a bhith teagasg òrain aig seiseanan trèanaidh agus an leithid. Bha Rona Lightfoot a' stiùireadh bùth-obrach air òrain luaidh agus òrain obrach aig an fhèis trèanaidh 2008. Ceangal le pròiseact Thasglann. A' neartachadh ceanglaichean eadar FnG agus Sgoil Eòlais na h-Alba.</p> <p>Lean air adhart le Prògram Trèanaidh san-taigh (Targaid IGE)</p> <p>Bha latha Gàidhlig ann am Port Rìgh air 12 Am Màrt. Bha coinneamh aig luchd-obrach far an robh sinn a' bruidhinn air measadh chunnairt, agus maoinachadh bho SAC (Inspire). Bha trèanadh aig 6 eile air a bhith 'g obair air an làrach-lìn air 14 An Cèitean.</p>
	<p>Bidh inntigeachd in-thaigh ri fhaotainn do luchd-obrach ùr</p> <p>Ri chur air dòigh. A' gabhail àite gu nàdarra. An dùil ri latha sònraichte a chur air dòigh as t-Samhradh dha na daoine ùra.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Anna Willoughby – a' dèanamh adhartas le Ceum MBA • Iona NicDhòmhnaill –air Ceum Mhaighistir (Cultar) a chur gu aon taobh, fhad's a tha i 'g obair le Mark Sheridan air pròiseict rannsachaidh. • Emily Edwards – a' dèanamh cùrsa le Colaiste Inbhir Nis air clann òg agus feumalachdan sònraichte.
	<p>4 seiseanan gràmar Gàidhlig airson luchd-obrach FnG (Targaid BnG)</p> <p>Bha 4 sa bhliadhna.</p>
	<p>4 bùithtean-obrach cànan airson comataidhean Fèise aig diofar ìrean ro no ann am Màrt 2008 (Targaid BnG)</p> <p>Bha ceithir bùithtean-obrach (aig diofar ìrean) air a chur air dòigh an taobh a staigh na Fèis Trèanaidh 2008. Bha Cùrsa Ulpan a' ruith do luchd-obrach aig Fèis Rois (pàighte le FnG) a thàinig gu crìch san Dùbhlachd. Tha iad an dùil tòiseachadh a-rithist.</p>
	<p>Taic airson 20 neach gus cùrsa Gàidhlig, a tha a' freagairt air na feumalachdan aca, a dhèanamh ann an 2007-08 (Targaid BnG)</p> <ul style="list-style-type: none"> • Air a thabhann air stèidh leantainneach, le 13 neach an-dràsta a' gabhail trèanadh de dhiofar sheòrsachan ann an cànan na Gàidhlig • 11 clàraichte air an Cùrsa Inntigidh sa bhliadhna, 4 deiseil agus a' ceumnachadh • 4 clàraichte air an Cùrsa Adhartais, 2 air tòiseachadh. 14 a nochd aig na cùrsaichean goirid aig an fhèis thrèanaidh (2008).

Neach-obrach	Calum Ailig MacMhaolain
Dreuchd	Oifigeir Gàidhlig
Ràithe na h-aithisg	Samhainn 07 – Gearran 08

Earrann	1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal
Targaid 2	Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.
2.1	Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne
	<p>Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànan Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhradh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)</p> <p>Tha am poileasaidh Gàidhlig air a bhith ann an àite a-nis airson cha mhòr trì bliadhna agus tha sinn ag obair gu dlùth a' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' gabhail ris a' phoileasaidh. Tha sinn a' toirt cuideachadh gu cuid dhan na Fèisean le bhith eadar-theangachadh an fhiosrachadh a bhios iad a' sgaoileadh.</p> <p>Tha Jenna, Emily is mi fhìn gu bhith 'g obair air pasgain Gàidhlig sònraichte son na Fèisean anns na h-Eileanan Siar. Bidh sinn a' cruinneachadh sgeulachdan, òrain ainmean àite agus tòrr rudan eile airson na Pasgain agus tha mi'n dòchas leudachadh seo gu sgìrean eile airson gum bi pasgain sònraichte aig gach Fèis.</p>

	<p>Tha mi air a bhith 'g obair air poileasaidhean Gàidhlig son na Fèisean gu lèir aig Nicola agus tha mi 'g obair le Jenna is Christine an-dràsta air na Fèisean a th'anns na sgìrean aca.</p> <p>Rinn Nicola, Dougie 's mi fhìn but-obrach aig deireadh-seachdain trèanaidh anns A' Mhàrt. Bhruidhinn sinn mu Poileasaidh Gàidhlig, Gàidhlig aig na Fèisean, Sgioba-G agus bha nan fheadhainn a bha an làthair son bruidhinn mu pròiseactan leasachaidh a bha iad fhèin 'g iarraidh a dhèanamh.</p> <p>Tha na planaichean airson an Sgoil-Shamhraidh Dràma a tighinn ri chèile a-nis, agus tha Dougie ag obair trang air seo le Seònaid. Rinn mi fhìn deuchainn-cluiche shìos ann an Ceann a' Ghiuthsaich airson tè tha gu bhith an làthair aig an Sgoil.</p>
2.2	Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig
	<p>Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail.</p> <p>Tha an Sgioba-G air a bhith gu math trang mar tha am bliadhna. Bha an Sgioba an làthair aig Fèis Ìle, Fèis Obar Dheathain, Fèis Lochabair, Fèis Eilean Cholla agus Fèis Ceann Loch Goibhle. Tha mi air iarrtasan fhaighinn airson an Sgioba airson Fèis Dhuneideann Fèis Mhoireibh, Fèis Eige, Fèis Chataibh agus Fèis Eilean an Fhraoich mar tha airson na Fèisean Samhraidh</p> <p>Tha mi air dhà na thrì cur-seachadan ùra a chleachdadh le na computairean a-nis agus bidh mi leudachadh cur-seachadan eile a bhios spòrsail agus freagarrach airson an ionnsachadh aca. Tha mi toilichte le na cur-seachadan ùra agus tha na com-pàirtichean a' gabhail riutha math dha rìribh.</p> <p>Tha mi air dhà na thrì ainmean eile fhaighinn son an stòr-data de dhaoine tha 'g iarraidh a bhith 'g obair le Sgioba-G. Tha mi cuideachd a' beachdachadh air làithean trèanaidh a chumail anns an àm ri teachd.</p>
